



THE UNIVERSITY of EDINBURGH

Fios-naidheachd

Diluain, 27 An t-Samhain 2017

Fosail annamh air a lorg air an Eilean Sgitheanach

Dh'fhaodte gun cuir fosail neo-àbhaisteach a chaidh a lorg san Eilean Sgitheanach ri tuigse an luchd-saidheans air an linn ro-eachdraidheil anns an sgìre.

Chaidh am fosail, à cnàmh-gèille aig creutair beag coltach ri crogall, a lorg faisg air Caisteal Dhùn Tuilm air costa a tuath an Eilein. Thathar den bheachd gu bheil e mu 170 millean bliadhna a dh'aois.

Tha an t-Eilean Sgitheanach air aon de na beagan àiteachan san t-saoghal far a bheil fosailean rin lorg aig na creutairean seo a tha coltach ri crogallan fìor-uisge bhon linn air a bheil an Linn Diùrasach Meadhanach. Cuiridh seo ris an tuigse aig luchd-saidheans air beathaichean ro-eachdraidheil den t-seòrsa seo.

Rinn luchd-saidheans rannsachadh air structar a' chnàimh-gèille le x-ghathan àrd-res. Bho bhith a' coimhead air an fhosail seo agus air feadhainn eile a chaidh a lorg san Eilean, tha e coltach gun robh beathaichean coltach ri crogallan bho fhine de bheathaichean a tha dlùth-dhàimheach ri crogallan - na neosuchians - a' fàs na b' eugsamhlaichte aig an àm seo air cladaichean an Eilein.

Chan urrainn do luchd-saidheans a ràdh dè a' ghnè (*species*), anns a bheil am fosail mar thoradh air a mheud agus a neo-iomlanachd. Tha iad ag ràdh gum biodh e na chuideachadh mòr gus a' ghnè a shònrachadh nan rachadh fosailean a bharrachd a lorg san Eilean Sgitheanach.

Tha an rannsachadh seo mar phàirt de dh'obair leantainn mu chlàr fosailean an Eilein Sgitheanaich, air a stiùireadh le co-bhanntachd air a bheil Buidheann PalAlba anns a bheil luchd-obrach agus oileanaich aig Oilthigh Dhùn Èideann ann an co-obrachadh le luchd-saidheans air feadh na h-Alba.

Chaidh an obair seo, a chaidh fhoillseachadh ann an *Earth and Environmental Science Transactions of the Royal Society of Edinburgh*, a dhèanamh ann an co-obrachadh le luchd-rannsachaidh aig Imperial College Lunnainn, Oilthigh Leicester agus Acadamaidh Saidheansan Sionna. Chaidh a mhaoineachadh le Marie Curie agus leis a' Chomann Rìoghail.

Thuir an Dr Steve Brusatte aig Sgoil Geò-saidheansan Oilthigh Dhùn Èideann: “Tha an cnàmh-gèille ùr seo biodach, dìreach mu dhà cheudameatair a dh'fhaid, ach 's e fosail air leth

Rangaichte mar fhear de phrìomh oilthighean an t-saoghail

cudromach a th' ann airson a bhith a' tuigsinn ro-eachdraidh an Eilein Sgitheanaich. 'S ann le crogall le coltas snog den aon mheud ri cù a bha seo. Bhiodh e air a bhith a' grunnachadh ann an lagùnaichean blàtha air oir eilean bheag bho chionn mu 170 millean bliadhna.”

an Dr Tòmas Challands bho Sgoil GeoSaidheans aig Oilthigh Dhùn Èideann: “Is e an t-Eilean Sgitheanach aon de glè bheag de dh'àiteannan anns an t-saoghail a dh'fhàg againn làraich shoillear a sheallas mar a bha creutairean beò aig Meadhan an Linn Diùrasach. Mar sin tha e cudromach gum bidh sinn a' dìon an tasgaidh àrsaidh seo agus gun tèid a sgrùdadh leinn ann an dòigh chomasach agus eifeachdach anns an àm ri teachd.”

Thuir Dùghall Ros bho Tigh Tasgaidh Stafainn: “Seachad air beagan bhliadhnaichean tha PalAlba air obair glè inntinneach a dheanamh anns an sgìre. Is e an crogall bho chladach Dhùn thuilm aon de iomadh fosailean annasach a tha sinn air lorg ann.”

Airson barrachd fiosrachaidh, cuir fios gu:

Catrina Kelly, Oifis Meadhanan agus PR: 0131 651 4401; 07791 355940;

Catrina.Kelly@ed.ac.uk

Rangaichte mar fhear de phrìomh oilthighean an t-saoghail